

RAOIR REUBADH AN IOLAIRE

Murchadh MacPhàrlain, Bàrd Mhealaboist, Leòdhas

'S binn sheinn i, a' chailin,
A-raoir ann an Leòdhas,
I fuineadh an arain
Le cridhe làn sòlais
Air choinneamh a leannain
Tha tighinn air fòrladh,
Tighinn dhachaigh thuic' tèaraint',
Fear a gràidh.

Tha 'n cogadh nis thairis
'S a' bhuidh leis na fùrain
Tha nochd ri tigh'nn dhachaigh,
Tha 'n Iolaire gan giùlan.
Chuir mòine mun tein' i
'S an coire le bùrn air,
Ghràidh, chadal cha tèidear
Gus an lò.

Bidh iadsan ri 'g aithris
'S bidh sinne ri 'g èisteachd
Ri euchdanaibh bhalaich
Na mara 's an fhèilidh
'S na treun-fhir a chailleadh,
A thuit is nach èirich
Ò, liuth'd fear deas dìreach
Chaidh gu làr!

Cluinn osnaich na gaoithe!
O, cluinn oirre sèideadh!
'S ràn buairte na doimhne,
Ò, 's mairg tha, mo chreubhag,
Aig muir leis an oidhch' seo
Cath ri muir beucach.
Sgaoil, Iolair', do sgiathaibh
'S greas le m' ghràdh.

Ri 'g èirigh tha 'n latha
'S ri tuiteam tha dòchas,
Air an t-slabhraidh tha 'n coire
Ri piobaireachd brònach,
Sguir i dhol chun an dorais
'S air an teine chuir mòine,
Cluinn cruaidh-fhead na gaoithe
A' caoidh, a' caoidh.

Goirt ghuil i, a' chailin,
Moch madann a-màireach
Nuair fhuair i san fheamainn
A leannan 's e bàthte,
Gun bhrògan mu chasan
Mar chaidh air an t-snàmh e,
'N sin chrom agus phòg i
A bhilean fuar.

Raoir reubadh an Iolair',
Bàht' fo sgiathaibh tha h-àlach,
O na Hearadh tha tuireadh
Gu ruig Nis nam fear bàna.
O nach tug thu dhuinn beò iad,
A chuain, thoir dhuinn bàht' iad,
'N sin ri do bheul cìocrach
Cha bhi ar sùil.